

Peadar Morgan
Stiùiriche Planadh Cànan
Bòrd na Gàidhlig
Darach
Fèith nan Clach
Inbhir Nis
IV2 7PA

3 Samhain 2006

A Pheadair chòir,

Tha Roinn na Ceiltis ann an Oilthigh Ghlaschu air coinneachadh gu beachd a ghabhail air a' chiad dreach dhen Phlana Nàiseanta. Tha sinn air ar beachdan a chur an cèill mar-tha do Bhòrd na Ceiltis (BOCS), agus bidh na prìomh phuingeann ud rim faicinn anns an fhreagairt a gheibh sibh bho BhOCS. Tha corra phuing a bharrachd a thuilleadh air na puingeann sin a' nochdadh anns an litir seo.

A. Prìomh phuingeann

1. Tha Roinn na Ceiltis (Oilthigh Ghlaschu) a' cur fàilte air a' chiad dreach dhen Phlana Nàiseanta. 'Se ceum mòr air adhart dhan Ghàidhlig a th' ann, ged nach eil ann toiseach tòiseachaidh.

2. Ged a tha sinn a' tuigsinn gu feumar a bhith ag amas air iomadh raon ann am plana nàiseanta da sheòrsa, tha sinn dhen bheachd gun gabhadh a shìmpleachadh gu mòr: tha fada cus mion-fhiosrachaidh anns a' chiad dreach. Tha an collas air a' chiad dreach gun deach a stèidheachadh air structar a tha an dà chuid ro theann agus ro sgaoilte, anns am bheil còig roinnean gnìomh, le ceithir tèamaichean anns gach roinn, agus sia prìomhachasan anns gach tèama fa leth. Tha an structar seo a' fàgail gum bheil mòran mhìrean sa phlana a tha eadar-cheangailte, agus mìrean eile a tha nas cudromaiche na chèile ged nach eil sin a' tighinn am follais an còmhnaidh anns an dreach mar a tha e.

Ged a tha 'An Rùn' ag innse gur h-e an roinn gnìomh 'spionnadh' an roinn as bunaitiche, chan eil a' phuing chudromach seo nochdte no follaiseach anns a' chorr dhen phlana: bu chòir a shoilleireachadh gum bheil 'spionnadh' aig cridhe gach tè dhe na roinnean eile, fiù 's anns an dealbh air t.d. 11 den Phlana.

3. Tha mòran bheàrnann anns an fharsaingeachd anns na prìomh bhuidhnean a gheibhear fo gach tèama, agus bu chòir ath bhreithneachadh agus ath sgrùdadh a dhèanamh air a' chuid seo dhen Phlana.

4. Tha mì-thuigse a thaobh nan oilthighean, agus gu sònraichte a thaobh nan Roinnean Ceiltis, a' nochdadh air feadh a' chiad dreach dhen phlana. Chan eil Bòrd na Ceiltis (BOCS) air ainmneachadh mar phrìomh bhuidhean ach ann an dhà dhen fhichead tèama a tha am broinn a' phlana, agus chan eil iomradh idir air na Roinnean Ceiltis. Bhiodh sinn a' moladh gum bu chòir gum biodh iomradh air na dha mar phrìomh bhuidhnean, i.e. BOCS agus na Roinnean Ceiltis, fada na bu trice anns a' Phlana ùr.

Tha e do-chreidsinneach leinn nach eil iomradh sam bith air BOCS no na Roinnean Ceiltis fon Roinn Gnìomh 'Foghlam'. A thuilleadh air dleastanasan rannsachaidh, tha dleastanas cudromach air na Roinnean Ceiltis a bhith an sàs ann an teagasg na Gàidhlig agus cuspairean co-cheangailte, aig ìrean eadar-dhealaichte. Tha sinn dhen bheachd gum faodadh na h-oilthighean agus na Roinnean Ceiltis cur gu mòr ri gach tè dhe na roinnean gnìomh agus ri mòran dhe na tèamaichean a gheibhear sa Phlana.

5. Ann a bhith ag amas air fileantaich agus fileantachd sa chànan, bu chòir beachdachadh an dà chuid air leth-fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh a bharrachd air làn-fhileantaich. Bha buill sa Roinn a' faireachdainn nach eil gu leòr cudrom ga chur anns a' phlana air an fheadhainn sin. Bu chòir ro-innleachd cho-ordanaichte a bhith ann airson leth-fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh le chèile a thoirt gu ìre fileantachd. Ghabhadh sin dèanamh tro chùrsaichean bogaidh, leithid Ulpan a tha air a bhith air leth soirbheachail ann an dùthchannan eile.

Feumar barrachd taic a thoirt do dh'oileanaich na Gàidhlig anns na h-oilthighean, ann a bhith a' leasachadh nan sgilean fileantachd aca: bu chòir gu robh sgeama cànan anns na h-oilthighean far am b' urrainn do dh'oileanaich Gàidhlig ùine a chur seachad ann an coimhearsnachdan Gàidhlig gus seo a thoirt gu buil.

6. Bhiodh e ionmholta nar beachd-ne nam brosnachd na h-Oilthighean gus gabhail ri spiorad Achd na Gàidhlig.

7. Tha e air leth cudromach gum biodh maoinachadh air a chur mu choinneamh gach roinn dhen Phlana.

B. Puingeon Sònraichte

1.1 Spionnadh: Dachaigh agus Coimhearsnachd

Tha cruaidh-fheum air rannsachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh, sa choimhearsnachd agus san àite-obrach. Dh'fhaodadh luchd-rannsachaidh nan oilthighean taobh a-staigh nan Roinnean Ceiltis agus ann an raointean is cuspairean eile cuideachadh a thoirt gus an rannsachadh seo a thoirt gu buil agus a sgaoileadh.

Tha faireachdainn ann gum bheil cus cudrom ga chur air follaiseachd na Gàidhlig tro mheadhan shoidhnichean ann am prìomhachasan na Coimhearsnachd, agus gum bu chòir cudrom nas motha a chur air bruidhinn agus cleachdadh a' chànan.

12 Spionnadh: Leasachadh Corpais

Tha sinn dhen bheachd cuideachd gum bu chòir faclairachd na Gàidhlig a bhith aig ìre nas àirde am measg nam prìomhachasan. Tha sinn cuideachd a' smaointinn gum bheil an còigeamh prìomhachas (atharraichean cànan) fada ro ìseal anns an liost anns an dreach-Phlana.

2. Inbhe

Tha sinn toilichte gum bheil cudrom ga chur air planaichean-cànain coimhearsnachd, agus bhiodh e na chuideachadh nan robh eisimpleir da lethid air a thoirt mar chuid de dh'Eàrr-sgrìobhadh I, no mar Eàrr-sgrìobhadh fa leth.

3. Foghlam

3.1 Tha cruaidh-fheum air stuthan teagaisg agus ionnsachaidh a dhealbhadh airson an treas ìre, gu seachd àraidh aig ìre mheadhanach agus adhartach. Le taic a' Bhùird dh'fhaodadh co-obrachadh a bhith ann eadar na Roinnean Ceiltis gus seo a thoirt gu buil.

3.2 Tha sinn cuideachd ag aontachadh ris a' Phròiseict Roinneil a tha a' bualadh air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus air sgoiltean Gàidhlig fa leth. Aig a' cheart àm tha buill na Roinne dhen bheachd gum bu chòir ceist nan cànan a bhith air a fhisge a-staigh anns an t-siostam foghlaim Albannach anns an fharsaingeachd: tha sinn a' smaointinn gum bu chòir gun rachadh modal a dhealbhadh mar chuid den chlàr-teagaisg 5–14 (mar eisimpleir, an taobh a-staigh Foghlam na h-Àrainneachd) air Cànanan na h-Alba, agus gum biodh a' Ghàidhlig mar mhìr bhunaiteach na leithid.

3.3 Is ann a' sìor dhol am meud a tha an àireamh de 'Ghàidheil' anns na h-oilthighean a chaidh an oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha na h-oilthighean feumach air taic gus a bhith a' cruthachadh àrainneachd thaiceil dhan chànan am broinn agus air àrainn nan oilthighean, agus a bhios a' brosnachadh Gàidheil òga gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nam measg fhèin.

4. Cultar

Chan eil sinn a' tuigsinn carson nach eil buidhnean mar BhOCS agus na Roinnean Ceiltis a' nochdadh mar phrìomh bhuidhnean fon cheann seo. Bu chòir gun robh iomradh sa Phlana air litreachas na Gàidhlig anns an fharsaingeachd, a' toirt a-staigh rosg, bàrdachd agus òrain. Tha buill nan Roinnean Ceiltis air a bhith an sàs gu mòr ann a bhith a' toirt am follais a' chuid luachmhor sin dhen chultar, agus 'a' toirt brìgh às an dualchas' a tha co-cheangailte ris.

Tha cuid dhe na h-oilthighean air a bhith an sàs ann an brosnachadh sgrìobhadh cruthachail: tha sin a' sealltainn an taic as urrainn do na Roinnean Ceiltis a thoirt do shaoghal nan ealan.

5. Conaltradh: Prìomh Bhuidhnean

5.1 Tha buill nan Roinnean Ceiltis ann an deagh shuidheachadh gus a bhith a' comhairleachadh mu stuthan ùra (stèidhichte air an rannsachadh aca) a ghabhadh an craobh-sgaoileadh. Is tric a bhios luchd-obrach nan Roinnean Ceiltis an sàs ann am prògraman Gàidhlig, an dà chuid rèidio agus telebhisean. Tha buill BhOCS gu mòr an sàs ann an 'leudachadh anns an ruigse de sgrìobhadh Gàidhlig anns na meadhanan-clò'.

5.2 Eadar-ghnìomhachd: Tha mòran obrach a tha cudromach a tha fhathast ri dhèanamh aig na Roinnean Ceiltis ann a bhith a' dealbhadh ghoireasan air-loidhne, m.e. faclairan, teacsaichean, CALL, etc.

6. Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig

6.1 Air t.d. 42 (Gàidhlig), chan eil e idir soilleir gum bheil cuid de na Roinnean Ceiltis a' libhrigeadh mòran de na cùrsaichean aca tro mheadhan na Gàidhlig (agus tha seo gu h-àraidh fìor mu Roinn na Ceiltis an Glaschu) bho ìre fho-cheumnaich gu ìre iar-cheumnaich: bu chòir gun robh sin air a shoilleireachadh anns an ath dreach dhen Phlana.

6.2 Roinnean Gnìomh: Foghlam tro Ghàidhlig

Mholamaid gum beachdaicheadh am Bòrd air Sgoiltean Samhraidh a stèidheachadh do chloinn sgoile. Tha Sgoiltean Samhraidh air a bhith uamhasach cudromach ann ath bheothachadh na Gaeilge an Èirinn. Bidh na Sgoiltean seo a' dèanamh feum an dà chuid dhan chloinn agus do na coimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha sinn an dòchas gum bheil na puingeann seo gu feum dhan Bhòrd, agus tha sinn a' guidhe a h-uile soirbheas air an obair chudromach agaibh.

le dùrachdan,

Roibeard Ó Maolalaigh (as leth Roinn na Ceiltis)
Ollamh na Gàidhlig is na Gaeilge
Oilthigh Ghlaschu